

RSNO

SCOTLAND'S NATIONAL
ORCHESTRA


Fuaim a' Chuain

Goireas Ionnsachaidh:
**Ciamar as urrainn dhut an
cuan a dhìon?**

MARINE
CONSERVATION
SOCIETY

Ciamar as urrainn dhut an cuan a dhìon?

Amasan So-sheasmhachd:



Cuspairean sgoile:

Saidheans, Cruinn-eòlas,
Litearrachd agus Gàidhlig,
Saoranachd

Ceanglaichean a' Churraicealaim:

Fiadh-bheatha na Rìoghachd Aonaichte,
Freagarrachadh, Anatomachd, Cuairtean-beatha,
Lìon-bìdh, Am buaidh a th' aig daonna, Leughadh,
Taisbeanadh, Dealbhachadh

Aois 7-11

Prionnsapalan Litearrachd a' Chuain:

6. Tha daoine agus a' chuain ceangailte ann an dòighean do-chreidsinneach

Amasan Ionnsachaidh:

- Tha mi a' tugisinn gu bheil buaidh aig daoine air a' chuain, ge bith far a bheil sinn a' fuireach
- Tha mi a' tuigsinn mar a tha a' chuain mar phàirt den bheatha làitheil againne
- Is urrainn dhomh obair ann am buidheann gus iomairt a chuir air dòigh san sgòil agam
- Is urrainn dhomh sgoilearan eile a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail anns an iomairt-sgoile

Goireasan sa Phasgan:

- Dè idir a rinn an cuan dhuinn? (bhidio)
- Dealbhan bagairtean a' chuain
- Manifesto a' Chuain
- Faidhle Fiosrachaidh a' Chuain longantach
- Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh a' mhuir? Faidhle Fiosrachaidh

Ceum a h-aon	Cùl-raon
Tha an cuan na dachaigh do 50-80% den bheatha air fad air an Talamh. Tha e cuideachd bunaitich don chearcall uisge, oir tha e a' toirt ocsaidean dhuinn, a' stòradh carboin, a' riaghladh na gnàth-shìde, agus a' toirt seachad biadh. Bidh mòran ghnìomhachasan a' cleachdadh a' chuid, mar ola agus gas, ag iasgaich, cungaidhean, treudaich na mara, malairt uisgeadan èisg, tuathan-gaoithe, luingearachd agus turasachd. Tha na gnìomhachasan seo uile a' cur cuideam air a' chuid, a bharrachd air strithean eile mar atharrachadh na gnàth-shìde agus truailleadh na mara. Tha e deatamach dhuinn eòg-shiostaman mara a dhìon gus dèanamh cinnteach gum bi cuan fallain againn airson an àm ri teachd, airson bith-iomadachd, airson coimhearsnachdan agus gnìomhachasan. Ge bith far a bheil sinn a' fuireach, tha ar gnìomhan a' toirt buaidh air àrainneachd na mara, tha sin a' ciallachadh gun fheum sinn uile ar dìcheall a dhèanamh airson ar cuan a dhìon.	
Ceum a dhà	Toiseach Tòiseachaidh
15 mionaidean - Carson a tha an cuan cudromach? Gus cùil-raon a thoirt air cho cudromach 's a tha an cuan, dh'fhaodadh tu an leasan againn air <i>An Cuan</i> a dhèanamh, agus airson a' bruidhinn air strì na mara a thaobh gnìomhachasan, coimhead air ar leasan <i>Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh a' mhuir?</i> Tòisich an leasan seo le bhith a' smaoineachadh air carson a tha feum againn an cuan a dhìon. Bheir mionad do na sgoilearan gus beathaichean na mara ainmeachadh air buird-ghil. Bruidhinn mu na freagairtean a th' aca agus minich dè tr' ann am bith-iomadachd.	

Ceum a trì	Gnìomhan
A-nis, bheir mionaid eile do na sgoilearan gus sgrìobhadh sìos na buannachdan a bhios daonna fhaighinn bhon chuan. Coimhead air am bhidio <i>Dè ilir a rinn an cuan dhuinn?</i> agus bruidhinn mu na puingeon a thog e ann an coimeas ri na freagairtean a bh' aig a' chlas.	
Gnìomh 1: 20 mionaid – Bagairtean a' chuid Ann am buidhean beaga, smaoinich air na bagairtean a th' aig a' chuid. Is dòcha gum bi freagairtean aca mar: gnìomhachasan na mara, atharrachadh na gnàth-shìde, truailleadh na mara m.s.a. Stad gus bruidhinn mu na freagairtean aca. Seall dhaibh <i>dealbhan bagairtean a' chuid</i> agus bruidhinn mu na feadhainn nach do thog iad. Bu chòir do na sgoilearan a bhith tilleadh air ais do na beachdan aca agus a' smaoineachadh mu na ceanglaichean aig na beathanan aca an aca agus na bagairtean seo. Mar eisimpleir, ag ithe biadh na mara, a' cleachdadh plastaig, a' cleachdadh dealain, ola ann an càraichean, luingearachd airson biadh, dèideagan agus aodaich. An urrainn dhaibh smaoineachadh air mar as urrainn dhaibh na bagairtean seo a lùghdachadh?	
Gnìomh 2: 30–40 mionaid – Manifesto a' Chuid Seall dhaibh <i>Manifesto a' Chuid</i> agus bruidhinn mu dheidhinn gach puing agus mar a tha ceanglaichean eadar a' chuid agus na sgoilearan. Mar clas, dèan bhòt air na trì gnìomhan as fheàrr leibh air a' mhanifesto. Roinn an clas ann an trì buidhean, a' toirt aon de na gnìomhan do gach buidhean. Bu chòir do na sgoilearan a bhith ag obair còmhla gus plana a chruthachadh air mar a tha iad a' dol a chur seo an gnìomh san sgoil.	

Ceum a ceithir	Dùbhlán
30 mionaid - Iomairt na sgoile Dh'fhaodadh buidhean na beachdan aca a thaisbeanadh aig cruinneachadh, agus bhòt a dhèanamh mar sgoil air dè na trì gnìomhan a tha iad dol a chur air dòigh mar sgoil. Bidh uallach aig na sgoilearan sa chlas agallach taic a thoirt do sgoilearan eile gus na planaichean seo a thoirt gu buil, agus an uair sin beachdachadh air mar a chaidh leotha. Bu toil leinn cluinntinn mun phrìiseact agallach! Sgoil na tha sibh air a bhith dèanamh air nam meadhanan sòisealta agus dèan tag airn no cuiribh post-d thugainn aig engage@rsno.org.uk	
Ceum a còig	Sùil air ais
5 mionaidean Carson a tha e cudromach an cuan a dhìon? Dè na bagairtean a th' aig a' chuid? Ainmich aon dòigh a dh'fhaodadh sibh an cuan a dhìon mar sgoil. Ciamar as urrainn dhuibh na ionnsaich sibh mun chuan a thoirt dhachaigh gus an cuan a dhìon aig an taigh?	


[/royalscottishnationalorchestra](https://www.facebook.com/royalscottishnationalorchestra)


[@rsnoofficial](https://www.instagram.com/rsnoofficial)


[@rsnoofficial](https://www.tiktok.com/@rsnoofficial)


[@RSNO](https://twitter.com/RSNO)


[/mcsuk](https://www.facebook.com/mcsuk)


[@mcsuk](https://www.instagram.com/mcsuk)


[@mcsuk](https://twitter.com/mcsuk)

Aon planaid, aon cuan

Manifesto na sgoile



Dèan suaip air plastaig airson rudan nas so-sheasmhaiche agus broснаich daoine a bhith a' cleachdadh stuthan ath-chleachdadh mar botailtean, bogsaichean-bìdh agus stràbhan



Brosnaich daoine gus barrachd dòighean siubhail so-sheasmhachd a chleachdadh airson a' tighinn dhan sgoil, mar rothaireachd, coiseachd, no barrachd dhaoine san aon càr



Sàbhail bunan-lùth le bhith a' cuir solaisean, teasadairean, uisge agus teicneòlas dheth nuair nach eil feum orra



Dèan cinnteach gum bi daoine ag ionnsachadh mu foghlam na mara agus foghlam na h-àrainneachd san sgoil againn



Cuir air dòigh àitichean sàbhailte son fiadh-bheatha san sgoil, mar lòn, àite airson glasaich a' fàs, no faiche airson flùirichean-fiadhaich



Lùghdaich, ath-chleachd agus ath-chuairtich na 's urrainn dhuinn le compostachadh, a' cruinneachadh uisge-adhair, agus a' coimhead as dèidh na goireasan againn



Bheir cuireadh don choimhearsnachd air fad gus pàirt a ghabhail ann an tachartasan agus iomairtean foghlaim



Cuir air dòigh sgioba so-sheasmhachd gus beachdan fhaighinn air mar as urrainn dhuinn ar sgoil a leasachadh

Tha an sgoil a' gealladh gun obraich iad gus puingean air a' mhanifesto seo a choileanadh.

Ainm sgrìobhte

(Ceannard)

Soidhnich agus cuiribh gu education@mcsuk.org

Faidhle Fiosrachaidh a' Chuain Iongantach

Tha an cuan na shiostam taic deatamach don phlanaid againn

- Tha e na phàirt mòr de chearcall na h-uisge
- Bidh lusan na mara agus algach a' dèanamh còrr air 50% den ocsaidean a bhios sinn a' cleachdadh gus anail a ghabhail
- Bidh àrainnean na mara a' cuideachadh le bhith a' stòradh carboin, rud a tha air leth cudromach anns an t-strì an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- Bidh an cuan a' riaghladh ar siostaman gnàth-shìde agus an sìde
- Bidh àrainnean a' chosta a' cuideachadh le bhith a' dìon coimhearsnachdan cladaich agus bailtean bho stoirmean is tuitean le bhith a' lùghdachadh lùths nan tuinn
- Tha biadh na mara cudromach oir bidh e a' toirt pròtain do milleanan de dhaoine
- Tha obraichean aig milleanan de dhaoine ann an gnìomhachasan na mara
- Tha an cuan cudromach airson ar slàinte agus ar sunnd, le milleanan de dhaoine a' cleachdadh a' chuain agus an iomrall-fairge airson cur-seachadan



Àrainn fear-locha a' chosta
© Benjamin L. Jones via
Unsplash



Neach-surfadh
© Sebastian Staines
via Unsplash

Faclan feumail

Seirbheisean eag-shiostam – na buannachdan a gheibh daoine bho eag-shiostaman

Àrainn – is e àrainn an dachaigh nàdarrach no an àrainneachd anns a bheil beathach, lus no fàs-bheairt a' fuireach. Tha a h-uile càil a dh'fheumas fàs-bheairt a bhith beò leithid biadh agus fàs-gadh mar phàirt den àrainn. Tha meanbh-àrainn na àite beag am broinn àrainn mòr a tha na dachaigh do gnè shònraichte

Faidhle Fiosrachaidh a' Chuain Iongantach

Iomadachd a' Chuain



Tha 70% de uachdar na Talmhainn còmhdaichte leis a' chuain



Tha an cuan gu math eadar-mheasgte agus tha e na dachaigh do 50-80% den bheatha air fad air an Talamh. Tha a' mhòr-chuid den iomadachd seo ri lorg ann an àitichean far nach eil a' chuan cho domhainn



Anns an Rìoghachd Aonaichte tha timcheall air 7,723 mìle de iomrall-fairge eadar-dhealaichte againn. Fo na tuinn, tha seallaidhean-tìre diofraichte cuideachd, le creagan fon uisge, uamhan, raonaich agus coileagan



Bidh ar cuantan cladaich a' toirt aoigheachd do diofar àrainnean mar sgeiligean dathach, leapannan ceilpe, slugan carraig agus feur-locha, a tha na dachaigh do mhiltean de phlanntaichean is bheathaichean



Tha bith-iomadachd ghnèithean sa chuan iongantach, bho bacteria microscopach agus algach suas gu mucan-mara mòra

Tha bith-iomadachd cudromach airson an slàinteas a th' aig eag-shiostam. Tha eag-shiostam le barrachd iomadachd nas coltaichte a bhith a' fàs nas fheàrr bho mhilleadh bhon taobh a-muigh ann an coimeas ri eag-shiostam le glè bheag de dh'iomadachd

Faclan feumail

Gnèithean – buidheann de fhàs-bheairtean beò far a bheil feartan cumanta aca le fàs-bheairtean eile far am faodar breith eadarra

Freagarrachadh – am pròiseas atharrachaidh far am bi fàs-bheairt ag atharrachadh a rèir an àrainneachd aca

Bith-iomadachd – mìneachadh fharsaing a' ciallachadh measgachadh de bheatha phlanntais is bheathaichean. Tha bith-iomadachd a' toirt iomradh air eadar-dhealaichean a rèir ghnèithean, eadar gnèithean agus taobh a-staigh eag-shiostam

Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh a' mhuir? Faidhle Fiosrachaidh



Seirbheisean nàdarra a' chuain

Tha an cuan na shiostam taic a tha deatamach don phlanaid againn.

- Tha e na phàirt mòr de **chearcall na h-uisge**
- Bidh lusana na mara agus algach a' dèanamh còrr air 50% den **ocsaidean** a bhios sinn a' cleachdadh gus anail a ghabhail
- Bidh àrainnean na mara a' cuideachadh le bhith a' stòradh **carboin**, rud a tha air leth cudromach anns an t-strì an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- Bidh an cuan a' riaghladh ar siostaman **gnàth-shìde** agus an sìde
- Bidh àrainnean a' chosta a' cuideachadh le bhith **a' dìon** coimhearsnachdan cladaich agus bailtean bho stoirmean is tuiltean le bhith a' lùghdachadh lùths nan tuinn



Minearaich (eelgrass)
© divedog via Shutterstock



Fidichean (Salt marsh),
A' Chuimrigh
© James Hime via Shutterstock



Goireasan a' chuain agus cleachdaidhean daonna

Tha an cuan a' toirt dhuinn mòran ghoireasan a bhios sinn a' cleachdadh nar beathannan làitheil, bho biadh is cungaidhean, gu connadh is dealain. Tha na ceudan de dhaoine ag obair ann an gnìomhachasan na mara.

Le fàs an àireamh-sluaigh, tha an t-iarrtas air goireasan na mara air àrdachadh cuideachd. Is dòcha leis gu bheil an cuan cho mòr, nach eil sinn buileach a' tuigsinn am buaidh a th' aig daoine air, ach chan eil na goireasan seo gun chrìoch agus ma chleachdas sinn cus, bidh droch bhuaidh air na h-eag-shiostaman na mara. Leugh air adhart gus barrachd ionnsachadh mu na diofar dhòighean anns a bheil sinn a' cleachdadh a' chuain.

Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh a' mhuir? Faidhle Fiosrachaidh

Gnìomhachasan a' chuain	Cleachdaidhean daonna	Bagairtean
Bagairtean	Tha billeanan de dhaoine air feadh an t-saoghail a' cleachdadh biadh na mara airson airgead fhaighinn agus mar biadh airson ithe.	Bidh cus iasgaich a' toirt buaidh air sreathan bìdh na mara agus bith-iomadachd, agus bidh seo a' toirt air àireamhan na h-èisg a bhith a' tuiteam. Is urrainn do dhòighean iasgaich droch mhilleadh a dhèanamh air na h-àrainnean aig grunn na mara. Is urrainn do tuathanachas èisg buaidh a thoirt air an uisge againn, agus a' sgaoileadh galairean agus parasaitean gu èisg-fhiadh.
Ola agus gas	Tha 99% den ola is gas a bhios sinn a' cleachdadh san Rìoghachd Aonaichte a' tighinn bhon mhuir. (1) Tha an gnìomhachas a' toirt obair do mu 300,000 dhaoine san Rìoghachd Aonaichte agus tha e cudromach don eaconamaidh (2)	Faodaidh drileadh airson ola is gas a bhith na chunnart mòr, bho bhith a' togail àrd-ùrlaran, a' gluasad rudan, a' cruthachadh loidhnichean pioba agus tro dòrtadh ola a tha air leth millteach don àrraineachd. Tha uallach air a' ghnìomhachas cuideachd airson a bhith a' sgaoileadh gasaichean taigh-glainne, a bhios a' cur ri atharrachadh cliomaid a tha a' toirt droch bhuaidh air a' chuain.
Luingearachd	Tha 95% de na stuthan a bhios a' gluasad a-steach agus a-mach às an Rìoghachd Aonaichte air a ghiùlan aig muir. (3) Bidh 20.7 millean luchd-siubhail eadar-nàiseanta a' dol tro phuirt na Rìoghachd Aonaichte gach bliadhna (4)	Faodaidh luingearachd truailleadh fuaim a dhèanamh, eimiseanan, ola a dhòrtadh, truailleadh sgudal aig muir agus truailleadh ceimigeach a dhèanamh cuideachd. Faodaidh luingearachd cuideachd cron a dhèanamh air an àrainneachd tro acarsaid, long-bhrisidhean, agus nuair a bhios iad a' toirt buaidh air mamalan mara mòra. Tha luingearachd cuideachd a' gluasad ghnèithean neo-dhùthchasach tro uisge balaiste (nuair a bhios bàtaichean a' stòradh uisge gus cuideam a' bhàta a cumail sàbhailte). Faodar an t-uisge seo a' dol am broinn a' bhàta aig aon àite agus an uair sin a chuir a-mach ann an àite eile, a' ciallachadh gum faod beathaichean beaga agus planntaichean san uisge a ghiùlan gu àiteachan ùra. Faodaidh biofouling - cruinneachadh de phlanntaichean is bheathaichean air slige a' bhàta - cuideachd ghnèithean neo-dhùthchasach a ghiùlan gu àiteachan ùra.

Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh a' mhuir? Faidhle Fiosrachaidh

Gnìomhachasan a' chuain	Cleachdaidhean daonna	Bagairtean
Treudaich na mara	Thèid gainmheach is greabhal a thogail bho ghrunnd na mara gus stuthan togail a dhèanamh, airson dìon cladaich, agus gus doimhneachd nan slighean luingeis àrdachadh.	Bidh sgrìobadh a' dèanamh cron air coimhearsnachdan de phlanntaichean is bheathaichean air grunnd na mara far a bheil iad a' togail an stuth agus gan cuir sìos a-rithist.
Tuath gaoithe far-chladaich	Bidh lùths na gaoithe aig muir a' toirt dealain ri 4.5 millean dachaigh sa bhliadhna (5)	Faodaidh togail thuathan-gaoithe milleadh a dhèanamh air àrainneachdan na mara, gnèithean imrich, agus a' cur ri truailleadh fuaim.
Malairt uisgeadan èisg	Tha uisgeadan èisg aig timcheall air 2 mhillean neach air feadh an t-saoghail, is tha an luach timcheall air £237 millean ann am malairt uisgeadan èisg (6)	Tha gnèithean sgeilgean corail a' dèanamh suas a' mhòr-chuid den mhalairt uisgeadan èisg. Faodaidh cruinneachadh nan gnèithean seo a bhith gu math millteach don àrainn agus do na h-èisg eile. Tha cuid de na h-èisg seo ann an cunnart a dhol à bith.
Turasachd	Tha 60% de shluagh an t-saoghail a' fuireach taobh a-staigh 60km bhon chosta, agus bidh mòran dhaoine a' cleachdadh tràighean agus uisgeachan cladaich airson cur-seachadan agus turasachd. Tha turasachd cladaich na àite-beatha cudromach dha mòran dhaoine san Rìoghachd Aonaichte agus tha e na bhuannachd don eaconamaidh	Faodaidh cuideam bho leasachadh cladaich agus gnìomhan cur-seachad cron a dhèanamh air àrainnean. Faodaidh gnìomhan air a' chuain, mar bhàtaichean, ola a leigeil gun fhiosta, milleadh a dhèanamh air àrainnean grunnd na mara agus a' cur ri truailleadh fuaim. Tha leasachadh cladaich air tìr a' lùghdachadh raointean de dh'àrainnean nàdarraich aig a' chladaich. Tha an lùghdachadh seo a' dèanamh cron air bith-iomadachd agus cuideachd a' dèanamh cron air gnìomhan deatamach a tha na h-àrainnean sin a' toirt seachad, mar cuideachadh le bhith a' dìon an tìr bho bhlèith agus a' cuideachadh le bhith a' sìoladh sruthadh beathachaidh bhon tìr.
Cungaidhean	Tha mòran chungaidhean a thàinig bho stuthan nàdarra air tìr, ach tha an cuan cuideachd na stòr chungaidhean. Thèid tòrr phlanntaichean is bheathaichean na mara air an sgrùdadh gus cungaidhean ùra a lorg	Feumaidh cuantan a bhith fallain le gnèithean fallain gus am bi e comasach cungaidhean fhaighinn bhon mhuir. Mura tèid seo a dhèanamh gu seasmhach, dh'fhaodadh seo a' dèanamh cron air slàinteas an àrainn.

Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh a' mhuir? Faidhle Fiosrachaidh



A' coimhead as dèidh ar cuan

Gus dèanamh cinnteach gum bi an cuan fallain airson an àm ri teachd, feumaidh sinn milleadh an àrainn a lùghdachadh, a' dèanamh cinnteach gun tèid buain a dhèanamh gu seasmhach agus eag-shiostaman deatamach a dhìon.

Ciamar as urrainn dhuinn coimhead as dèidh a' chuain?



Tha **reachdas agus laghan** stèidhichte gus nach bi an uiread de bagairtean ann. Tha tòrr diofar gnìomhachdan feumach air ceadan airson càil a dhèanamh, mar obair togail no obair sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air fiadh-bheatha is an àrainn aca, gnìomhachd sam bith a dh'fhaodadh a bhith ceangailte ri grunn na mara, agus gnìomhachd sam bith a dh'fhaodadh stuthan a leigeil a-mach dhan mhuir. Feumaidh na gnìomhan seo a dhol tro sgrùdadh àrainneachd mus tèid cead a thoirt seachad.



Tha **Ionadan Dìon Mara** (Marine Protected Areas - MPA) coltach ri tèarmainn nàdair. Tha iad air an stèidheachadh gus gnèithean sònraichte no àrainnean slàn a dhìon. Bidh MPA ag obair gus rudan millteach a lùghdachadh agus bith-iomadachd a dhìon. Taobh a-staigh na Roinn Eòrpa, airson gach €1 a thèid a-mach ann am MPA, gheibhear €3 air ais air sgàth luach nan seirbheisean aca (7)



Tha **Ionadan Mara Làn-dhìon** no Sònraichean Gun Gabhail na MPA a tha gu math teann. Chan fhaod gnìomhachd sam bi millteach a' tachairt ann gus cothrom a thoirt dha àrainnean a' fàs nas fheàrr



Tha **pròiseactan ath-leasachaidh** ag amas air àrainnean a leasachadh tro obair glèidhteachais



Dùbhlain le bhith a' coimhead às dèidh ar cuain

Tha e duilich a bhith a' riaghladh a' chuain, leis gu bheil mòran de luchd-ùidhe ann le diofar bheachdan. Tha seo a' gabhail a-steach riaghaltasan, iasgairean mòra is beaga, gnìomhachasan turasachd, buidhnean neo-riaghaltasach na h-àrraineachd, a' choimhearsnachd shaidheansail, luchd-còmhnaidh, agus cuid de ghnìomhachasan malairteach.

'S e àite mòr farsaing a th' anns a' chuain agus tha e doirbh rudan a stiùireadh.



Ciamar as urrainn dhut an cuan a dhìon?
Eòlasan agus Builean

Litearrachd agus Gàidhlig

- 'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha freagairt air m' adhbhar agus facail a chleachdadh a fhreagras air mo luchd-amais. **LIT 2-06a**
- 'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus le bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn. **LIT 2-07a**
- Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, is urrainn dhomh fìrinn aithneachadh o bheachd, agus tha mi ag ionnsachadh a bhith ag aithneachadh nuair a tha na goireasan agam a' feuchainn ri buaidh a thoirt orm, agus dè cho feumail 's a tha iad. **LIT 2-08a**
- Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:
 - fiosrachadh, eòlasan is beachdan innse
 - pròiseasan agus beachdan a mhìneachadh
 - na cùisean a thèid a thogail aithneachadh agus geàrrchunntas a dhèanamh air na prìomh phuingean agus cho-dhùnaidhean
 - puingean a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh. **LIT 2-09a**
- 'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdadh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoineachadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh. **LIT 2-15a**

Ealain Chruthachail

- Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas no taisbeanadh agus a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/tachartasan dhaoine eile. **EXA 2-01a**

Cuspairean Sòisealta

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun bhuidhe aig obair dhaoine air an àrainneachd agus molaidhean a dhèanamh air mar as urrainn dhuinn a bhith beò ann an dòigh a tha nas cùramaiche dhan àrainneachd. **SOC 2-08a**

Teicneòlasan

- Is urrainn dhomh anailis a dhèanamh air mar as urrainn dòigh beatha buaidh a thoirt air an àrainneachd agus air stòrasan na Cruinne agus molaidhean a dhèanamh mu bhith beò ann an dòigh nas seasmhaich.

TCH 2-06a

- Is urrainn dhomh molaidhean a dhèanamh mun dòigh a dh'fhaodadh daoine agus buidhnean teicneòlasan a chleachdadh gus taic a thoirt do sheasmhachd agus a' bhuidhe air ar nàrainneachd a lùghdachadh. **TCH 2-07a**

Le taing do ar com-pàirtichean



A' cur taic ri Fuaim a' Chuain:

Aberdeen City Council, Aberdeen Endowments Trust, Alexander Moncur Charitable Trust, Balgay Children's Society, Castansa Trust, Cookie Matheson Charitable Trust, David and June Gordon Memorial Trust, Educational Institute of Scotland, Forteviot Charitable Trust, The Gannochy Trust, Glasgow City Council, Hugh Fraser Foundation, Jimmie Cairncross Charitable Trust, Leach Family Charitable Trust, Leisure and Culture Dundee, Leng Charitable Trust, The McGlashan Charitable Trust, MEB Charitable Trust, Nancie Massey Charitable Trust, Northwood Charitable Trust, PF Charitable Trust, Q Charitable Trust, Scott Davidson Charitable Trust, ScotRail, Stevenston Charitable Trust, Tay Charitable Trust, Tillyloss Trust, Walter Craig Charitable Trust, Walter Scott Giving Group.



Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government

